Ach stad mo rann is pill air t'ais,  
O shloc na casgraidh dhéin a nìos,  
Is feuch cionnus a bheir thu seòl,  
Do'n dream tha beò nach teid iad sìos.

A leughadair, a bheil e fìor, 485  
Na chuir mi cheana sìos am dhàn?  
Ma 's e 's gu bheil, thig 's lùb do ghlùn  
Le ùrnuigh 's aithreachas gun dàil.

A dh' ionnsuidh Iosa teich gu luath,  
A' gabhail gràin is fuath do d' pheac', 490  
Le creideamh fìor thoir ùmhlachd dha,  
An uil' àitheanta naomh a reachd.

Gabh ris 'na oifigibh gu léir,  
'S ri h-aon diubh na cuir féin do chùl;  
Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìgh, 495  
Chum slàinte, dìdein, agus iùil.

[TD 32]

Biodh eiseimpleir am beachd do shùl,  
Chum t' uile ghluasad stiùr' da réir,  
'S gach meadhon dh' òrduich e chum slàint'  
Bi féin 'gan gnàthachadh gu léir. 500

As fhìreantachd dean bun a mhàin,  
'S na taic gu bràth ri d' thoilltneas féin;  
'S ma's àill leat éifeachd bhi 'na ghràs,  
Na h-altrum peacadh dàimh ad chré.

Mar sin ged robh do chionta mòr, 505  
Chum glòir do Thighearn' saorar thù,  
Is chum do shonais shiorruidh féin  
Air feadh gach ré a' seinn a chliù.

[TD 33]

Am Bruadar.

AIR bhi dhomhsa ann am shuain  
A' brудар diomhain mar tha càch,  
Bhi glacadh sonais o gach nì,  
Is e 'gam dhibreadh anns gach àit'.

Ar leam gu'n d'thainig neach am chòir, 5



'S gu'n d' thuirt e rium gur gòrach mi,  
Bhi smuainteach greim a ghlei'dh de'n ghaoith,  
No gu'n lìon an saogh'l mo chrì'.

"Is diomhain duit bhi 'g iarraidh sàimh,  
'N aon nì, no'n àit' air bith fo 'n ghréin; 10  
Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaigh,  
No t' anam 'n taobh so shuaimhneis Dé.

"An tra dh'ith Adhamh meas an tùs,  
Am peacadh dhrùidh e air gach nì,  
Lìon e a h-uile nì le saothair, 15  
Is dh'fhàg e 'n saogh'l 'na bhrìste' crì'.

"Air sonas anma chaill e chòir,  
Mar ris gach sòlas bha sa' ghàr':  
O sin ta shliochd 'nan deòraibh truagh,  
Mar uain am mearachd air a màthair. 20

"Ri méilich chruaidh taid ruith gach nì,  
An duil gu faigh an inntinn clos;

[TD 34]

Ach dhoibh ta 'n saogh'l gun iochd no truas,  
Mar mhuime choimhich fhuair gun tìlus.

"Mar sin tha iad gun fhois no tàmh, 25  
'Gan sàrach' glacadh faileas bréig',  
'S a' deò'l toil-inntinn o gach nì,  
Is iad mar chìochan seasg 'nam beul.

"Bidh teanndachd éigin ort am feasd,  
'S do dhòchas faicinn fuasgladh t'fheum, 30  
An còmhnuidh dhuit mar fhad na làimh';  
Ach gu bràth cha'n fhaigh dheth gréim.

"Cha teagaisg t'fheuchain 's dearbhadh thu,  
O dhùil is earbsa chuir sa' bhréig,  
A rinn do mhealladh mìle uair, 35  
'S co fhada uait an diugh 's an dé.

"An nì bu mhò d'an thug thu miann,  
Nach d'fhàg a mhealtainn riamh e searbh?  
Tha tuilleadh sonais ann an dùil,  
Na th'ann an crùn le bhi 'na shealbh. 40

"Ceart mar an ròs ata sa' ghàr',  
Seargaidh a bhlàth 'n uair theid a bhuaibh,  
Mu'n gann a ghlacas tu e 'd làimh,  
Tréigidh àile e is a shnuadh.

"Nì bheil neach o thrioblaid saor, 45  
Am measg a' chinne-daonn' air fad;  
'S co lionmhor osna aig an rìgh,  
Is aig an neach as ìsle staid.

"Tha smùdan féin as ceann gach fòid,  
Is dòruinn ceangailt' ris gach maith; 50  
Tha'n ròs a' fàs air drisibh geur;

'S an taic' a chéil' tha mhil 's an gath.

[TD 35]

"Ged chì thu neach an saibhreas mòr  
Na meas a shòlas bhi thar chàch;  
An tobar 's glaine chì do shùil, 55  
Tha ghrùid 'na ìochdar gabhail tàmh.

"'S ma chuireas t' anail e 'na ghluais,  
Le tarrainn chabhaig suas ad bheul,  
Dùisgidh an ruadhan dearg a nìos,  
S le gaineamh lìonaidh e do dheud. 60

"'S ged chì thu neach an inbhe aird,  
Tha e mar nead am bàrr na craoibh';  
Gach stoirm a' bagradh thilgeadh nuas,  
'S e air a luasgadh leis gach gaoith.

"An neach as fearr tha 'n saogh'l a' riar', 65  
Tha fiaradh eigin ann a staid,  
Nach dean a sheòltachd is a strì,  
Am feasd a dhìreachadh air fad.

"Mar bhata fiar an aghaidh chéil',  
Ata o shuidheach' féin do-chur; 70  
A réir mar dhìr'eas tu a bharr,  
'S cho cinnteach ni thu cam a bhun.

"Na h-Iudhaich thionail beag no mòr,  
De'n Mhana dhòirteadh orra nuas;  
'N uair chuir gach neach a chuid sa' chlàr, 75  
Cha robh air bàrr no dadum uaith':

"Mar sin ata gach sonas saogh'lt',  
Ata thu faotainn ann ad làimh,  
Fa chomhair saoibhreis 's inbhe cùirt,  
Tha caitheamh, cùram, agus cràdh. 80

"Ged chàrn thu òr ad shlige suas,  
Fa chomhair fàsaidh 'n luaidh' da réir;

[TD 36]

Is ge do chuir thu innte rìogh'chd  
A' mheidh cha dìrich i 'na déigh.

"Tha cuibhrionn iomchuidh aig gach neach, 85  
'S ged tha thu meas gur tuille b' fhearr,  
Cha toir an t-anabharr th'ann an sud,  
Am feasd an cudthrom as a' chràdh.

"O iomluas t' inntinn tha do phian,  
A' diùltadh 'n diugh na dh'iarr thu 'n dé; 90  
Cha chomasach do'n t-saogh'l do riar',  
Le t' anamianna 'n aghaidh chéil'.

"Na faigheadh toil na feòl' a rùn,  
D'a mianna brùideil dh'iarradh sàth;  
Flaitheas a b' àird' cha'n iarradh i, 95

Na annta sud bhi sìorruidh 'snàmh.

"Ach ged a b' ionmhuinn leis an fheòil  
Air talamh còmhnachadh gach rè,  
Bhiodh dùrachd t' ardain agus t' uaill'  
Cho àrd a suas ri cathair Dhé. 100

"Ach na'm b' àill leat sonas buan,  
Do shlighe tabhair suas do Dhia,  
Le dùrachd, creideamh, agus gràdh,  
Is sàsuichidh e t' uile mhiann.

"Tha 'n cuideachd sud gach ni 'san t-saogh'l,  
Tha 'n comas dhaoine shealbhach' fìor;  
Biadh, is aodach, agus slàint',  
Is saorsa, càirdeas, agus sìth." 105

An sin do mhosgail as mo shuain,  
Is dh'fhàg mo Bhruadar mi air fad; 110  
Is leig mi dhìom bhi ruith gach sgàil,  
Is dh'fhàs mi toilichte le m' staid.

[TD 37]

An Gaisgeach.

CHA bu ghaisgeach Alasdair mòr,  
No Caesar thug an Ròimh gu géill;  
Oir ged a thug iad buaidh air càch,  
Dh' fhan iad 'nan tràill' d'a miannaibh féin.

Cha ghaisg' an nì bhi liodairt dhaoin', 5  
'S cha chliù bhi ann an caonnaig tric;  
Cha 'n uaisle inntinn àrdan borb,  
'S cha treubhantas bhi garg gun iochd.

Ach 's gaisgeach esan a bheir buaidh  
Air eagal beatha, 's uamhunn bàis, 10  
'S a chòmh'laicheas le misnich crì',  
A h-uile nì ata dha 'n dàn.

Le gealtachd ciont' cha teich air cùl  
'S an àm an dùisg a chogais féin,  
A tagradh éisdidh e gu ciùin, 15  
'S an ceartas dùinidh e a beul.

'S e 'n gaisgeach esan bheir fo chis,  
A thoil chum strìochd' do reusan ceart,  
'S a smuaintean ceannairceach gu léir,  
Bhi 'n òrdugh géilleachduinn d'a smachd. 20

A mhianna brùideil saltraidh sìos,  
'S mar bhuill a chuirp fo chis ataid,

[TD 38]

S cha'n irioslaich e féin d'an riar,  
O nach gu riaghladh rugadh iad.

San oidhch 'n uair luidheas e chum suain, 25

Bidh shubhailcean mu'n cuairt d'a féin,  
Mar shaighdearan mu thiomchioll rìgh,  
'Ga dhìdean o gach nàmhaid treun.

Sa' mhadainn 'n uair a dh'éireas suas,  
Cruinnichidh smuaintean as gach àit', 30  
'S e féin 'nan ceann mar chauptin seòlt',  
'Gan suidheachadh an òrdugh blàir:

Chum cogaidh 'n aghaidh miann na feòl',  
Gach bochdainn, 's dòruinn ta san t-saogh'l,  
Gach ribe is gach innleachd bàis, 35  
Ta 'n deamhan gnàthach' 'n aghaidh dhaòin'.

Tha inntinn daingean mar a' chreag,  
Cha charaich eagal e no fiamh;  
Tha shùilean furachair is geur,  
Is léir dha 'n dubhan crom troi 'n bhiadh. 40

Gu diomhain nochdaidh 'n saogh'l a ghlòir,  
Gach òr is inbhe ata ann;  
Ta saoihbreas aig' cho pailt 'na chrì',  
'S gur truagh leis rìgh is crùn mu cheann.

Is ge do sgaoil an strìopach lìon, 45  
Gu ghlàc' le innleachdaibh a mais',  
Cha drùidh air dealanach a sùl,  
'S cha leagh i 'rùn le 'miannaibh laist'.

A nàmh cha choisinn air gu bràth,  
Ged gheibh e sàrachadh ri h-uair; 50  
'S e neart 's a shlàinte cridhe brùit',  
Is air a ghlùinibh bheir e buaidh.

[TD 39]

'S i 'n fhìrinn ghlan as clogad dà,  
Is gràs a' chreideamh aig' mar sgiath;  
'S e 'n sgriobtur naomh a chlaidheamh geur, 55  
'S a mhisneach ta gu léir an Dia.

Tha sìothchaint aig' 'na inntinn féin,  
'S a chogais réidh ris anns gach nì;  
Ta saoihbreas aig' nach léir do dhaoin',  
Is air nach cuir an saoghal crìoch. 60

Ri miodal tlà cha 'n éisd a chluas,  
Is sgainneal ghrannnd cha bhuaire a shìth,  
Cha ghabh e eagal á droch-sgeul,  
Is tuaileas bréig' cha lot a chrì'.

O m' anam! dùisg is deasaich t' airm, 65  
'S gabh farmad ris a' ghaisgeach threun,  
Is t' anamianna cuir fo chis,  
Chum rìogh'chd a cheannsach' annad féin.

Biodh t' inntinn ard os cionn nan speur,  
Cha 'n 'eil fo 'n ghréin ach pòrsan truagh; 70  
Mar tholman ùire faic an saogh'l,  
Is daoine' mar sheangain air mu'n cuairt:

A null 's a nall gun fhois gun tàmh,  
A' cruinneach' as gach àit' d'an cist,  
Gu lionmhor marcachd thar a chéil', 75  
'S a' trod gu geur mu bhioran brist'.

'N uair chì thu 'n sealladh so de'n t-sluagh  
Do smuainte cruinnich riut gu léir,  
A shealbhach' saoihbheis, sonais, 's sìth,  
Air nach tig crìoch ad anam féin. 80

[TD 40]

[Blank]

[TD 41]

An Claigeann.

'S mi 'm shuidh' aig an uaigh,  
Ag amharc mu bruaich,  
Feuch claigeann gun snuadh air làr;  
Do thog mi e suas,  
A' tiomach' gu truagh, 5  
'Ga thionndadh mu 'n cuairt am làimh.

Gun àille gun dreach,  
Gun aithne gun bheachd  
Air duine theid seach 'na dhàil;  
Gun fhiacail 'na dheud, 10  
No teanga 'na bheul,  
No slugan a ghleusas càil.

Gun rudha 'na ghruaidh,  
'S e rùisgte gun ghruaig,  
Gun éisdeachd 'na chluais do m' dhàn; 15  
Gun anail 'na shròin,  
No àile de'n fhòid,  
Ach lag far 'm bu chòir bhi àrd.

Gun dealradh 'na shùil,  
No rosg uimpe dùn', 20  
No fradharc ri h-iùl mar b' àbh'st,  
Ach durragan crom,  
A chleachd bhi 'san tom,  
Air cladhach da tholl 'nan àit'.

[TD 42]

Tha'n t-eanachainn bha 'd chùl, 25  
Air tionndadh gu smùr,  
Gun tionnsgal no sùrd air d'fhèum;  
Gun smuainteach' ad dhàil,  
Mu philleadh gu bràth,  
A cheartach' na dh'fhàg thu 'd dhéigh. 30

Cha 'n innis do ghnùis,  
A nise co thu,  
Ma's rìgh no ma's diùc thu féin;  
'S ionann Alasdair mòr,

Is tràill a dhìth lòn,  
A dh' eug air an otrach bhreun.

35

Fhir chladhaich na h-uaigh'  
Nach cagair thu 'm chluais,  
Co 'n claigeann so fhuair mi 'm làimh?  
'S gu 'n cuirinn ris ceist, 40  
Mu ghnath's mu 'n do theasd;  
Ged nach freagair e 'm feasd mo dhàn.

'M bu mhaighdean deas thu,  
Bha sgiamhach ad ghnùis,  
'S deagh shuidheach' ad shùil da réir, 45  
Le d' mhaise mar lòn,  
A ribeadh mu chrì',  
Gach òganaich chì'dh tu féin?

Tha nise gach àgh,  
Bha cosnadh dhuit gràidh, 50  
Air tionndadh gu gràin gach neach;  
Marbhaisg air an uaigh,  
A chreach thu de'n bhuaidh,  
Bha ceangailt' ri snuadh do dhreach.

No 'm breitheamh ceart thu, 55  
Le tuigs' agus iùl,  
Bha réiteach gach cùis do'n t-sluagh;

[TD 43]

Gun aomadh le pàirt,  
Ach dìteadh gu bàs,  
Na h-eucoir bha dàicheil cruaidh? 60

No 'n d' reic thu a' chòir,  
Air ghlacaid de'n òr,  
O 'n dream d'an robh stòras pailt?  
Is bochdan an t-sluaigh,  
Fo fhòirneart ro chruaidh, 65  
A' fulang le cruas na h-airc.

'S mur robh thusa fìor,  
A t'oifig am binn,  
'S gu'n d'rinn thu an dìreach fiar;  
'S co cinnteach an nì, 70  
'N uair thainig do chrìoch,  
Gu 'n deachaidh do dhìt' le Dia.

No 'n robh thu ad léigh,  
A' leigheas nan creuchd,  
'S a' deanamh gach eucail slàn; 75  
Ad ìoc-shlaintibh mòr,  
A' deanamh do bhòsd,  
Gu 'n dibreadh tu chòir o'n bhàs?

Mo thruaighe gu'n thréig,  
Do leigheas thu féin, 80  
'N uair bha thu fo eucail chruaidh;  
Gun fhognadh gun stà,  
Am purgaid no 'm plàsd,

Gu d' chumail aon tràth o'n uaigh!

No 'n seanalair thù, 85  
A choisinn mor-chliù  
Le d' shèoltachd a' stiùradh airm;  
Air naimhde toirt buaidh,  
'Gan cur anns an ruaig,  
'S 'gam fàgail nan cruachaibh marbh? 90

[TD 44]

'N robh do chlaidheamh gun bheairt,  
No 'n d' fhàg thu do neart,  
'N uair choinnich thu feachd na h-uaigh';  
'N uair b' éigin duit géill',  
A dh'aindeoin do dheud, 95  
Do dh' armailt de bhéistibh truagh?

Tha na durrag' gu treun,  
Ri d' choluinn cur séisd,  
'S a' cosnadh ort féisd gach là;  
Is claigeann do chinn, 100  
'Na ghearasdan dion,  
Aig daolagan dìblidh 'n tàmh:

Cuid a' cladhach do dheud,  
A steach ann ad bheul,  
'S cuid eile a' reub' do chluas; 105  
Cuid eile nan sgùd,  
Tigh'n mach air do shùil,  
A spùinneadh 's a' rùsg' do ghruaidh.

No 'm fear thu bha pòit,  
Gu tric san tigh-òsd, 110  
'S tu cridheil ag òl nan dram?  
Nach iarradh dhuit féin,  
De fhlaithneas Dé,  
Ach beirm bhi 'g éirigh ad cheann?

Nach iarradh tu cheòl, 115  
Ach mionnan mu'n bhòrd,  
Is feuchainn co 'n dòrn bu chruaidh';  
Mar bhó no mar each.  
Gun tuigse gun bheachd,  
'S tu brùchdadh 's a' sgeith mu'n chuaich? 120

No 'n duin' thu bha gluas'd  
Gu ceanalta, suairc,  
Gu measarra, stuam', mu d' bhòrd,

[TD 45]

Le miannaibh do chré,  
Fo chuibhreachadh géur, 125  
'N àm suidhe gu féisd 's gu sògh?

No 'n geòcaire mòr,  
Bha gionach air lòn,  
Mar choin ann am feòlach dearg;  
A' toileach' do mhiann, 130

Bha duilich a riar,  
'S tu géilleadh mar dhia do d' bholg?

Tha nise do bhrù,  
D'an robh thu a' lùb',  
De ghaineamh 's de dh' ùir glè làn; 135  
'S do dheudach air glas',  
Mu d' theangaidh gun bhlas,  
Fo gheimhlichibh prais a' bhàis.

No 'm morair ro mhòr,  
A thachair am dhòrn, 140  
Neach aig an robh còir air tìr;  
Bha iochdmhor ri bochd,  
A' cluthadh nan nochd,  
Réir pailteis a thoir 's a nì?

No 'n robh thu ro chruaidh 145  
A' feannadh do thuath,  
'S a tanach' an gruaidh le màl;  
Le h-agartas geur  
A' glacadh an spréidh,  
'S am bochdainn ag éigheach dàil? 150

Gun chridh' aig na daoine',  
Bh'air lomadh le h-aois,  
Le 'n claiginnibh maola truagh,  
Bhi seasamh ad chòir,  
Gun bhoineid 'nan dòrn, 155  
Ged tholladh gaoth reòt' an cluas.

[TD 46]

Tha nise do thràill,  
Gun urram ad dhàil,  
Gun ghearsom, gun mhàl, gun mhòd;  
Mòr mholadh do'n bhàs, 160  
A chasgair thu trà,  
'S nach d' fhuiling do stràic fo 'n fhòid!

No 'm ministear thù,  
Bha tagradh gu dlùth,  
Ri pobull an ùghdarras Dé; 165  
'Gam pilleadh air ais,  
Bha 'g imeachd gu bras,  
Gu h-ifrinn na casgraidh dhéin?

No 'n robh thu gun sgoinn,  
Mar mhuime mu chloinn, 170  
Gun chùram do dh'oighreachd Dhé;  
N'a faigheadh tu 'n rùsg,  
Bha coma co dhiù,  
Mu'n t-sionnach bhi stiùradh 'n treud?

Leam 's cinnteach gu'n d' fhuair, 175  
Do dheanadas duais,  
'N uair rainig thu 'm Buachaill' mòr;  
'N uair chuartaich am bàs,  
A steach thu 'na lath'r,  
Thoir cunntas á d' thàlant dò. 180



No 'n ceann thu bha làn,  
De dh' innleachdan bàis,  
Gu seòlta 'gan tàth'dh r'a chéil';  
'Gan cuir ann an gnìomh,  
Gun umhail gun fhiamh, 185  
A freagradh do Dhia 'nan déigh?

'N robh teanga nam breug,  
Gun chuibhreach fo d' dheud,  
A' togail droch sgeil air càch;

[TD 47]

Gath puinnsein do bhéil, 190  
Mar nathair a' teum',  
'S a' lotadh nan ceud gach là?

Tha i nis 'na tàmh,  
Fo cheangal a' bhàis,  
Gun sgainneal o phlàigh na dùthch', 195  
Is durragan grànnd,  
Air lobhadh 'na h-àit',  
An déigh dhoibh a cnàmh gu 'cùl.

'S ma lean thu do ghnàth's,  
Gu leabaidh do bhàis, 200  
Gun tionndadh 'na thrà ri còir;  
Car tamuill na h-uair',  
Dean flaitheas de'n uaigh,  
Gus an gairmear thu suas gu mòd.

Mar losgann dubh grànnd, 205  
Ag iomairt a smàg,  
Gu 'n éirich thu 'n àird o'n t-sloc,  
Thoir coinneamh do Chrìosd,  
'Na thigheachd a rìs,  
A dh' fhaotainn làn dìol a t' olc. 210

'N uair theid thu fo bhinn,  
Ni cheartas do dhìt',  
'Ga t' fhògradh gu sìorruidh uaith',  
Gu lasair gu d' phian',  
Chaidh a dheasach' do'n Diabh'l, 215  
'S a mhallachd gu dian 'gad ruag'.

'N sin cruaidhichidh Dia  
Do chnàmhan mar iar'n,  
Is t' fhéithean mar iallaibh prais;  
Is teannaichidh t' fheòil, 220  
Mar innein nan òrd,  
Nach cnàmh i le mòid an teas.

[TD 48]

No 'n ceann thu 'n robh ciall,  
Is eòlas air Dia,  
'S gun d' rinn thu a riar sa' chòir? 225  
Ged tha thu 'n diugh rùisgt',  
Gun aithne, gun iùl,

Gun teanga, gun sùil, gun sròn.

Gabh misneach san uaigh,  
Oir éiridh tu suas, 230  
'N uair chluinneas tu fuaim an stuic;  
'S do thruailleachd gu léir,  
Shìos fàgaidh tu d' dhéigh,  
Aig durraga breun an t-sluic.

'N sin deasaichidh Dia, 235  
Do mhaise mar ghrian,  
Bhiodh ag eirigh o sgiath nam beann,  
A' cur fradharc ro gheur,  
'S na sùilean so féin,  
'S iad a' dealradh mar reul ad cheann. 240

Do theanga 's do chàil,  
Ni ghleusadh gun dàil,  
A chantainn 'na àros cliù,  
Is fosglaidh do chluas,  
A dh'éisdeachd ri fuaim 245  
A' mholaidh th' aig sluagh a chùirt.

'N uair dhealraicheas Criosd,  
'Na thigheachd a rìs,  
A chrùinneach' nam firean suas,  
'N sin bheir thu do leum, 250  
Thoirt coinneamh dha féin,  
Mar iolair nan speur aig luath's.

'N uair dh'éireas tu 'n àird,  
Grad chuiridh ort fàilt,  
A mhealtainn a chàirdeis féin, 255

[TD 49]

Gun dealach' gu bràth,  
R'a chomunn no ghràdh,  
A steach ann am Pàrrais Dé.

Fhir chluinneas mo Dhàn,  
Dean aithreachas trà, 260  
'M feadh mhaireas do shlaint' 's do bheachd;  
Mu'n tig ort am bàs  
Nach leig thu gu bràth,  
Air geata nan gràs a steach.

[TD 50]

[Blank]

[TD 51]

An Geamhradh.

Do theirig an samhradh,  
'S tha 'n geamhradh teachd dlùth oirnn,  
Fior nàmhaid na chinneas,  
Teachd a mhilleadh ar dùthcha,  
'Ga saltairt fo chasaibh, 5

'S d'a maise 'ga rùsgadh;  
Gun iochd ann ri dadum,  
Ach a' sladadh 's a' plùndrainn.

Sgaoil oirne a sgiathan,  
'S chuir e ghrian air a chùlaibh, 10  
As an nead thug e 'n t-àlach,  
Neo-bhàigheil 'g ar sgiùrsadh;  
Sneachd iteagach glè gheal,  
O na speuraibh teachd dlùth oirnn,  
Clacha-meallain 's gaoth thuathach, 15  
Mar luaidhe 's mar fhùdar.

'N uair shéideas e anail,  
Cha 'n fhàg anam am flùran;  
Tha bhilean mar shiosar,  
Lomadh lios de gach ùr-ros; 20  
Cha bhi sgeudach' air coille,  
No doire nach rùisg e,  
No sruthan nach tachd e,  
Fo leacannan dù-ghorm.

[TD 52]

Fead reòta a chléibhe, 25  
Tha séideadh na doinninn,  
A chuir beirm anns an fhairge,  
'S a dh' at garbh i 'na tonnan:  
S a bhinntich an clàmhuin,  
Air àirde gach monaidh, 30  
'S ghlan sgùr e na reultan,  
D' ar péile le'n solus.

Tha gach beathach is duine,  
Nach d' ullaich 'na shéason,  
'Gan sgiùrsadh le gaillinn, 35  
Gun talla gun eudach;  
'S an dream a bha gnìomhach,  
Fàs iargalt mi-dhéirceil;  
Nach toir iasad do'n leisgean,  
Anns an t-sneachda ged eug e. 40

Tha 'n seillean 's an seangan,  
A bha tional an stòrais,  
Le gliocas gun mhearachd,  
A' toirt aire do'n dòruinn:  
'G ithe bìdh 's ag òl meala, 45  
Gun ghainne air lòn ac',  
Fo dhion anns an talamh,  
O anail an reòta.

Tha na cuileagan ciatach,  
Bha diomhain san t-samhradh, 50  
'S na gathanaibh gréine,  
Gu h-éibhinn a' dannsa,  
Gun deasach gun chùram,  
Roi' dhùdlachd a' gheamhraidh,  
Tha iad nise a' bàsach', 55  
Anns gach àite le teanndachd.

[TD 53]

Ach éisd rium a sheann-duin',  
'S tuig an samhla tha 'm stòri,  
Tha 'm bàs a' teachd teann ort,  
Sud an geamhradh tha 'm òran; 60  
'S ma gheibh e thu ad leisgein,  
Gun deasach' fa chòmhail,  
Cha dean aithreachas criche,  
Do dhionadh o'n dòruinn.

Gur mithich fàs diadhaidh, 65  
'S do chiabhan air glasadh,  
'Na bearnaibh do dheudach,  
Is t' eudan air casadh;  
Do bhathais air rùsgadh, 70  
'S do shùilean air prabadh,  
Agus croit ort air lùbadh,  
Chum na h-ùire do leaba.

Tha na sruthanan craobhach  
Bha sgaoileadh ad bhallaibh,  
Gu mireagach, buailteach, 75  
Clis, gluasadach, tana,  
A nise air traoghadh  
O'n taomachadh thairis,  
O'n a ragaich 's a dh' fhuaraich  
Teas uamharr' na fala. 80

Balg-séididh na beatha,  
Tha air caitheamh gun fheum ann,  
'S o chrup ann ad chliabh e,  
Gur h-e phian bhi 'ga shéideadh;  
Tha 'n corp, a' chruit chiùil ud, 85  
Air diùltadh dhuit gleusadh;  
'S comharr' cinnt' air a thasgaidh,  
Bhi lasach' a theudan.

[TD 54]

Theich maduinn na h-òige,  
Is treòir a' mheadhon latha, 90  
Tha 'm feasgar air ciaradh,  
'S tha ghrian ort a' luidhe;  
'S ma bha thusa dìomhain,  
Gun ghnìomh is gun mhaitheas,  
Gu h-ealamh bi 'd dhùsgadh, 95  
Mu'n dùinear ort flaitheas.

Réir caithe na beatha,  
'S tric leatha gu'n crìoch i;  
Bidh an cleachda fàs làidir,  
Do-fhàsach o'n inntinn: 100  
Na labhair an sean-fhocal,  
'S deimhin leam 's fìor e,  
"An car théid san t-sean-mhaid'  
Gur h-ainmig leis dìreadh."

Ach òganaich threubhaich, 105  
Thoir-s' éisdeachd do m' òran,

'S leig dhiot bhi mì-chéillidh,  
Ann an céitean na h-òige;  
Tha aois agus easlaint,  
Air do dhéigh ann an tòir ort, 110  
'S ma ni h-aon aca gréim ort,  
Pillidh t' aoibhneas gu bròn duit.

An aois ata 'n tòir ort,  
Bheir i leòn ort nach saoil thu,  
Air do shùilibh bheir ceathach, 115  
Is treabhaidh i t' aodann;  
Bheir i crith-reodh' mu d' ghruaig,  
Is neul uaine an aoig leis,  
'S cha tig aiteamh na grian ort,  
Bheir an liath-reodh' a chaoidh dhiot. 120

[TD 55]

Bheir na's measa na sud ort,  
Fàilinn tuigs' agus reusain;  
Dìth leirsinn ad inntinn;  
Dìth cuimhn' agus géire;  
Dìth gliocais chum gnothaich; 125  
Dìth mothaich ad cheudfath;  
'S gu fàs thu mar leanabh,  
Dhìth spionnaidh is céille.

Fàsaidh 'n cridhe neo-aithreach,  
'S neo-ealamh chum tionndadh, 130  
Aon tagradh cha drùidh air,  
'S cha lùb e d'a ionnsuidh:  
Ceart mar tha 'n talamh,  
'N àm gaillinn is teanndachd;  
Ged robh mìltean dol thairis, 135  
Cha dean aile sa' chabhsair.

Faic séason na bliadhna,  
'S dean ciall uaithe tharruing,  
S ma's àill leat gu'm buain thu,  
Dean ruathar san earrach; 140  
Dean connadh san t-sàmhradh,  
Ni sa' gheamhradh do gharadh;  
'S ma dhibreas tu 'n séason,  
Dhuit 's éigin bhi falamh.

'S mur cuir thu sìol fallan, 145  
Ann an earrach na h-òige,  
Cho chinnteach 's am bàs duit,  
Cuiridh Sàtan droch phòr ann;  
A dh' fhàsas 'na dhubhailc,  
'S 'na luibheannan feòlmhor; 150  
'S bidh do bhuain mar a chuir thu,  
Ma's subhailc no dò-bheart.

[TD 56]

Ma bhios t' òige gun riaghladh,  
'S t' ana-mianna gun taod riu,  
Gu fàs iad cho fiadhaich, 155  
'S nach srian thu ri t' aois iad;

Am meangan nach snìomh thu,  
Cha spìon thu 'na chraoibh e,  
Mar shìneas e gheugan,  
Bidh a fhreumhan a' sgaoileadh. 160

Tha do bheatha neo-chinnteach  
O 'n teinn a bheir bàs ort,  
Uime sin bi ri dìchioll  
Do shìth dheanamh tràthail;  
'S e milleadh gach cùise 165  
Bhi gun chùram cur dàil annt';  
'S ionann aithreachas crìche,  
'S bhi cur sìl mu Fheill-Màrtainn.

Tha ghrian anns na speuraibh  
A' ruith réise gach latha; 170  
'S i 'giorrach' do shaoghail,  
Gach oidhche a luidheas:  
'S dlùth ruitheas an spàla,  
Troi' shnath'naibh do bheatha;  
Tha figheadh dhuit léine, 175  
'Ni béisdean a chaitheamh.

'S ma ghoideas e dlùth ort,  
Gun do dhùil bhi r'a thighinn;  
'N sin fosglaidh do shùilean,  
'S chì thu chùis thar a mithich; 180  
Bidh do choguis 'gad phianadh.  
Mar sgian ann ad chridhe;  
'S co-ionann a giùlan,  
'S luidhe rùisgt' ann an sgitheach.

[TD 57]

Faic a' chuileag 'ga diteadh 185  
Le sìonntaibh an nàduir,  
'S o dhìbir i 'n séason,  
Gur h-éigin di bàsach';  
Faic gliocas an t-seangain,  
'Na thional cho tràthail, 190  
'S dean eiseimpleir leanail,  
Chum t' anam a' shàbhal'.

[TD 58]

[Blank]

[TD 59]

Urnuigh.

O! THIGHEARN' is a Dhia na glòir,  
An t-Ard-Rìgh mor os cionn gach sluaigh,  
Cia dàna nì air t' ainm ro mhòr  
Le bìlibh neò-ghlan bhi 'ga luaidh?

Na h-aingle 's àirde rinneadh leat,  
Cia lag an neart, 's cia dall an iùl?  
Cia aineolach air t'oibre mòr?  
'S cia goirid air do ghlòir an cliù?

Am beachd do shùilean fìorghlan féin,  
Cha 'n 'eil na reulta 's àirde glan; 10  
'S cha 'n 'eil na h-aingle 's naomha 'n glòir,  
An làthair do Mhòrachd-sa gun smal.

Ach O! an dean thu t' isleach' féin,  
A dh'éisdeachd cnuimhe anns an ùir?  
Fo stòl do chos a' gabhail tàimh, 15  
'S nach faic ach sgàile beag de d' ghnùis.

Na lasadh t' fhearg, O Dhia nan dùl!  
Am feadh a dheanam ùrnuigh riut;  
'S mo pheacadh aidicheam le nàir,  
'S an truailleachd ghràineil anns 'na thuit. 20

Mo chiont' tha mar na sléibhte mòr,  
Is leòn iad mi le iomadh lot;  
Ta m'anam bochd le'n cudthrom brùit',  
'S o m' shùilibh fàsg' nan deura goirt.

[TD 60]

An comas duit, a Dhia nam feart, 25  
Mo shaor' gun cheartas chur air cùl?  
'S ma shaorar le do thròcair mì,  
'Bheil neach san t-saogh'l a dhìteas tù?

Nach éigin duit mo sgrios gu bràth,  
Mur àicheadh thu do cheartas geur? 30  
Le m' chionta oillteil, 's gann a dh' fhàg  
Mi iochd, no gràs, ad roghainn féin.

Gach uile mhallachd ata sgrìobht'  
Ad fhocal fìor le bagradh teann,  
O Thighearn' thoill mi aig do làimh, 35  
Gu'm biodh iad càrnaicht' air mo cheann.

Ged fhàs' na nèamhan dubh le gruaim,  
'S mo bhual' le tairneanaich do neirt,  
Ged thilg' thu mi gu ifrinn shìos,  
Gu sìorruidh aidicheam do cheart. 40

Gidheadh am faod an lasair threun  
A sgoilteas as a chéil' an tuil,  
Drùdhadh orm troi' ùmhlachd Chrìosd,  
'S mi gabhail dìon a steach fo fhuil?

An fhuil a dhiol do cheartas teann, 45  
'S a dhòirteadh air a' chrann gu làr,  
'S ann aisd' tha m' earbsa, O mo Rìgh!  
Nach dìt thu m'anam air a sgàth.

Dean m' ionnlad glan, O Dhia na sìth!  
San tobar ioc-shlaint bhrùchd á thaobh: 50  
A bheir dhomh beatha as a bhàs,  
Is o mo thràilleachd nì mi saor.

[TD 61]

Daingnich mo chreideamh ann a bhàs,  
Is beothaich gràdh am chridhe stigh,  
Is neartaich mi chum ùmhlachd dha,  
An uil' aitheanta naomh a lagh. 55

O dean mo phlanndach' ann an Crìosd!  
'S mo chrìonach bristidh mach le blàth,  
Is bidh gach subhailc 's naomha gleus,  
Mar mheas a' lùb mo gheug gu làr. 60

Gach inbhe 'n cuir thu mi san t-saogh'l  
Dean daonnan toilicht' mi le m' staid;  
Ma's bochd no beartach, tinn no slàn,  
Do thoil gu bràth biodh deant' air fad.

O! 's gràsmhor Dia 'n uair bheir e seach',  
'S gu beachd tha DHIULTADH làn de GHRADH;  
'S fìor-bheannachd ann an atharrach dreach,  
Gach CROIS is CREACH a thig o làimh. 65

O! buidheachas do Dhia nan gràs  
Chuir thugam Slànuighear nam buadh;  
Eiric mo shaorsa chì 'na bhàs,  
'S an luach a phàidh air m' anam truagh. 70

'S e féin a chlaon a dhruim fo m' chuail,  
Chum m'anam dhìreadh suas gu Dia;  
Chosd gach tiodhlac th' agam uaith,  
Geur chràdh is osna chruaidh d'a chliabh. 75

Mo smuaintean talmhaidh tog gu neamh,  
Is thoir dhomh earlais air do ghràdh,  
A dh' fhògras m' eagal uile uam,  
'S a shaoras mi o uamhunn bàis. 80

[TD 62]

'N sin atadh tonnan borb a' chuain,  
Is beuchdadh torann chruaidh nan speur;  
Thigeadh crith-thalmhuinn, gort, is plàigh,  
Bhios roinn a' bhàis gach taobh a théid.

Bi thus' ad Dhia do m'anam féin,  
'S bidh iad gu léir dhomh 'n càirdeas gràidh;  
Cha loisg an tein' gun òrdugh uait,  
Cha sluig an cuan, 's cha sgrios a' phlàigh. 85

Am feadh bhios cumhachd ann ad làimh,  
Bidh mise sàbhailt' o gach olc;  
'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n dìth,  
Gu sìorruidh, no gu 'm fàs thu bochd. 90

Mo dhùrachd, m' eagal, 's m' uile mhiann,  
Am Dhia tha còmhlachadh gu léir;  
Oir nèamh, is talamh, 's ifrinn shìos,  
Ata iad do mo Rìgh-sa geill'. 95

A' CHRIOCH.

[TD 63]



<eng>  
NOTES

#### MORACHD DHE

DUGALD BUCHANAN had passed through a severe mental conflict. He first reached an intellectual belief in God by observing Design in the symmetry of the skull of a horse he saw in a field. From this he reasoned that there must be a Designer. But intellectual belief did not give him rest. From the conflict he, however, emerged victorious over doubt, and his first effort in poetry was his great poem on the glory and majesty of God. He is here, unquestionably, influenced by Isaac Watts. He was deeply imbued with evangelical theology, and could scarcely help making use of what came to his hand. Sometimes the thought is expanded and improved; at other times he gives a fairly free translation. In any case his imitations detract nothing from the excellence of the poem. It would be well to compare the poem with Isaac Watts' *Lyric Poems*, bk. i., "The Infinite," "The Creator and the Creatures." MacL. MS. heads this poem with the text Is. xl. 18.

The verse is Iambic octosyllables in quatrains. He follows this pattern throughout the poem. There are some irregular verses which help to give variety and interest to the composition.

'Nüair thais | bëanas | ë ghlòir | nõ ghràs

#### METRES

According to Professor Kuno Meyer (see Meyer's *Primer of Irish Metrics*, and also appendix iv. to Calder's *Songs of Duncan MacIntyre*) there are three successive periods in the history of

[TD 64]

Gaelic versification: (1) A period of rhythmical alliterative poetry (Early Gaelic to the eighth century); (2) a period (eighth to seventeenth century) of unrhythmical syllabic poetry requiring (a) a fixed number of syllables in each line, and (b) rhyme or consonance in the final word of each verse or couplet; and (3) a period of rhythmical poetry (from the seventeenth century onwards) requiring a sequence of vowels in the stressed syllables of each verse. The one period runs into the other. The metres of (1) are found in Old Sagas. The metres of (2) developed, according to Thurneysen, under the influence of the Latin poetry of the fifth and sixth centuries, and those of (3) are largely the result of the influence of English poetry. The first Scottish Gaelic poet to run away from the exceedingly intricate metres of the second period was Mary Macleod (1650-1720). Yet they are observed most clearly in her songs; but cf. *Fernaig MS.* Iain Lom, etc. She was illiterate, and the spontaneity of her versification does not suggest outside influence. But the frame-work of the earlier metres can be traced through the verses of the great poets down to the beginning of the nineteenth century. In the first period alliteration was sporadic. In the twelfth century and onwards it is regular and obligatory. In the syllabic poetry of the middle period we have rhyme which consists in the agreement of all vowels, both in quantity and quality, while rhyming consonants must belong to the same class (classified later according to strict rules). Rhyme is internal as well as terminal. For metrical purposes a word begins with the stressed syllable, so that proclitics, such as verbal prefixes, etc., do not count as part of the words to which they are prefixed, but pronominal suffixes

always count. Dugald Buchanan was a student of the English poets. He is familiar with Shakespeare, Milton, Young, Watts, etc., and while some of the above rules can be applied to his poems with interesting results, his metres are nevertheless after the English model.

Line 1. O! *ciod e Dia . . . ainm*. The first edition reads *creud* for *ciod*, a compound of *ce* (*ia*) and *rud*, stereotyped in Ross's Psalms. It is peculiar to modern Irish. *Ciod* is *ce ed*, equivalent to Lat. *Quid?* The old interrogative pronouns were *ce*, *cia*. These early combined with the personal pronoun as *ce he*, *quis?* *Ce si* (*cisi*) *quae?* *Ced*, *cid* (*ce ed*)

[TD 65]

*quid?* *Cisi* has disappeared, and we have now only *co*, *cia* and *ciod*. *Ciod* has attached to it the pers. pro. *e*, so that we have now *dé do naidheachd?* for *ciod i . . . ?* *Co* and *Ciod* are still quite distinct, the former applied to a person and the latter to a thing, e.g. *co fear tha sin?* what man is there? Naturally, then, we might expect this poem to begin *Co e Dia?* But as the poet asks not who is God, but what is God, he refers to a "concept," "idea"; the idiom therefore is grammatically correct (see also, *Celt. Rev.* vi. 300).

4. 'Na *chòir*, near Him, in His vicinity. The phrase, which is common, is fully *ann a choir*. *Coir* and *fior*, Lat. *verus*, are from a common root *ver*.

8. *Fein-dhiongmhaltas*, His own perfection; *diongmhalta* is from *diong*, worthy, and *molta*; cf. Old Gaelic *dingbala*, worthy, pleased; e.g., *ag edarguidhe Muire banntigerna gumad dinghala*, ". . . interceding the Lady Mary that she would be pleased . . ." (*Mackinnon's Catalogue of Manuscripts*, p. 74).

10. *gun chaochladh staid*, lit. without change of state; *caochla*, cf. Old Gaelic, *coem-chloim*, gentle change; *coimhchlod*, inf. of *con-imchlóim*, I change, retained in *chaochail e*, he died (changed gently).

14. *la* is here rather "light of day," than "day." The corresponding root in other languages has often the significance of brightness or radiance. For *teachd MacL.* MS. reads *bris*.

16. *sgiathaibh*, from *sgiath*: *sciath* (1) a wing, e.g. *sciath an ete*, and (2) a shield. *sgàile*, shade, shadow; cf. *fo sgail do sgeith*, Ps. xvii. 3.

18. *uamhunn*, dread, terror; Old Gaelic *omun*, *oman*, fear.

19. *achmhasan*, Old Gaelic *Ath-chomsan*, rebuke; e.g., *gan aenguth achmhosain*, without a word of murmuring (*Annals of Ulster*, p. 482).

20. *geilt chrith*, a trembling fear; cf. Ps. lv. 5. *Cruinne-cé*, either part of this compound signifies globe or world, e.g.—

<gai>'S leam an cruinne domhanda  
Is na bfuil ann le cheil.—<eng>(Kirk's Ps. 1. 12.)

*cé*, cf. Old Gaelic *cé* meaning (1) "this," e.g., *fo bith ché* (*Irische Texte*, iii. 10), on this earth; (2) "earth," "world," e.g., *fo bròn bethad cé* (*Book of Leinster*, 192), under the sorrow of the life of this world; cf. Gr.  $\gamma\eta$ . The compound *cruinne-cé* is analogous to *orbis terrarum*.

23. thionnsgan-s', tionnsgainn, devising, beginning; Old Gaelic tinscnaim, I begin.

25. dlùth (1) close, compact, near; (2) the warp of a web; Gr. θλάω, crush, e.g., Lean gu dluth ri cliu do shinnsreachd (Gillies' collection, 1786, p. 34).

[TD 66]

27. iomlaineachd, manifold fulness; from iom, Old Gaelic iomad, abundance, and lan full, cognate with Lat. plenus, Gr. πλήρης.

shiorr'achd, dissyllabic here to meet metrical exigencies: with collective suffix rad; sior, long, cf. macrad, echrad; rad is connected with reuth, cf. Old Gaelic ind-red, once.

29. Neoni, neo, Old Gaelic neb, negative non, and ni, a thing. Here the abstraction is personified, lit. when nothingness heard the voice of his mouth.

33. dhearc, (1st ed. dh' fheuch), look at, behold, gaze; Old Gaelic dercaim, I see, Gr. δέσκομαι.

35. Ath-leasachadh, re-formation; ath and leasaich, from leas, Old Gaelic less, profit, advantage, cf. phrase, Cha ruig thu leas, you need not, i.e., you will not attain to any benefit.

37-40. This striking passage is strongly analogous to some of the beautiful doxologies of the prophets, cf. Is. xl. 12.

37. dearn', the palm of the hand; Old Gaelic derna, cf. Gr. δῶρον, palm-<gai>Feuch do ghrean me thu ar chlar mo dhearnainne.<eng>  
(Kirk's Bible, Is. xlix. 16.)

38. reul(t), now more commonly reul, but pl. reulta(n); metathized from Old Gaelic retla, a star.

41-45. i.e., men and angels in their effort to comprehend the being of God are as shells attempting to hold the ocean.

45. bhith-bhuantachd, everlasting; from bith, world, and buan, lasting, lit. "world-lasting"; e.g., as bec anì as buaine 'nan duine (Meyer): cha robh e buan.

46-48. i.e., the work revealed to mortals is but small compared with the hidden works of the Eternal One.

52. sile mheòir, an expressive phrase meaning drops falling from fingertips; sil, drop, Lat. stillo, I drop; seile, saliva, cf. Abhainn Seile. The antithesis "sun" and "drop" is bold.

56. earlas, a pledge, earnest, i.e., a revelation to indicate His power; Scotch arles from Lat. through French.

57. tuigse thana, lit. thin understanding; tana means (1) shallow, as here, and (2) lean, e.g.—

<gai>Eglus fuar  
'S cleirech tana, truagh.<eng>  
(Mackinnon's Catalogue of Manuscripts, p. 93.)

cf. Lat. *tenuis* and Gr. *ταναός*, where Gr., as often, agrees with Gaelic in vowel.

58. *sgrùdadh*, *sgrùd*, examine, search; Old Gaelic *scrutaim*, I search, from Lat. *scrutor*, cf. Rev. ii. 23, *sgrudas na h-airnean*.

[TD 67]

61. *dadum*, usual form is *dad*, anything; Old Gaelic *dadamh*, a mote.

63. i.e., only the Bible can declare God's name.

#### FULANGAS CHRIOSD

This is an account of the Passion of Christ. John Rose in his *Metrical Reliques* (1851) states that Andrew and Alexander Ross, soldiers in the Sutherlandshire militia who were stationed at Dunkeld in 1746, used to recite the poems of John Mackay of Mudale to Dugald Buchanan. Buchanan, so says Rose, was thereby moved to "compose the excellent hymns of which he was author." This poem bears a strong resemblance to Mackay's "An *Tearnadh Miorbhuileach*" (*Metrical Reliques*, p. 110) in melody, but not in literary content or idiom. The poem is in ballad measure of eights and sixes, on the Iambic pattern, though somewhat irregular—

An sin | dō rinn | iād prios | ānach  
Dē dh' Io | sā gun | chionfàth.

2. *dàn*, a poem, a lay; Old Gaelic *art*, skill, trade, an allotted task, destiny, e.g. *amal robúi a ndán do chach* (Meyer); also, *bha e san dan dha*, it was in the incantation to him, i.e., it was destined so to be.

*luadh*, mention; Old Gaelic *luad*, cf. Lat. *laus*, praise, hence *mo luaidh*, my beloved one.

5. *iongantas*, wonder, cf. *iongnadh*; Old Gaelic *ingnad*, *in-gnath*, "not customary."

*Miorbhuileach*, marvellous; from *mirbael* from Lat. *mirabile*.

8. *ciochran*, suckling; from *cioch*, Old Gaelic *cich*, a breast.

9. *na h-òighe*, of the Virgin. The *h* is the shade of the lost *s* in which the gen. sg. fem. of the article must have ended. This relic of the old case-ending survives and prevents elision.

10. *comhnadh*, help; Old Gaelic *congnam*, verbal noun of *con-gniu*, a helping, assisting, e.g., *do chongnum ocus do chobair doib*, to help and to assist them (*Togail Trói*, 1687).

14. Cf. John, i. 3.

15. *rùn*, mystery; *run-diomhair*, secret, mystery; the term is now one of endearment, e.g., *mo run geal dileas*.

17. *dìblidh*, abject; Old Gaelic *deblidh*, cf. Lat. *debilis*; cf. *Sluagh anshocrach agus dìblidh* (*Seph.* iii. 12).

[TD 68]

18. dilleachdan, orphan, derelict; Old Gaelic dilechtu from di and leig.  
20-25. Cf.—

A needless, helpless, unaccounted guest,  
And but a second to the fodder'd beast.  
(Young's Night Thoughts.)

24. dual, lit. a hereditary right, what goes in the blood; cf.—

<gai>Biodh aca fios gur riaghluidh Dia  
Tigh Jacob mar bu dual.—<eng>(Kirk's Ps. lix. 13.)

Bu dual da sin, said of a chip of the old block.

27. B' fheudar, less properly, b' eidear, it was necessary. Feudar is pres. pass. of feud, may: positively feudar has the force of necessity, e.g., Is fheudar dhomh bhi falbh, I must go; negatively it only denotes probability as, cha'n fheudar nach tig mi, I may come. In the phrase ni fheudar we have a survival of the deponent verb, cf. Lat. loquor. This deponent r which appeared early in Gaelic began to disappear in the tenth century, and disappeared wholly in the eleventh century, except in certain instances (Strachan).

28. air a thòir, on his track; cf. Old Gaelic toireacht, pursuit, toruighe, pursuer, e.g., bha an toir air; Eng. Tory.

33-35. Cf. Matt. viii. 20.  
teinn, a noun, from teann, tight.

35. eunlaithe: an improper pl. formed, for metrical purposes, upon the collective noun eunlaith, birds.

39. fogarrach, outcast, fugitive, from fogair, to banish; cf. Old Gaelic focairim, I proclaim; e.g., Gen. iv. 12.

43. iochdmhor, from iochd, kindness, clemency.

45. eucail, from an, negative prefix, and cail, appetite, vigour (means unfitness).

49. balbhanaibh, to the dumb; dat. pl. of balbhan from Old Gaelic balb— (1) dumb, co mbrig balb; (2) stammering, co mbrethir balb (Meyer); and (3) silent, calm, eirigh tonn air uisge balbh (Seann Fhocail by Duncan Lothian, 1797); balbh bhios na linnte lana (MS. xxxvi. Adv. Lib.). The word is probably borrowed from Lat. balbus.

50. lùth, strength; cf. Old Gaelic luth, fleetness of foot.

52. iùl, lit. guidance, probably connected with eolas, knowledge; cf. Matt. XV. 14, Is cinn iuil dhall nan dall iad.

54. fallaineachd, health; from fallan: fo, and slan, healthy.

57-60. Cf. Luke, iv. 18.

Soisgeul, Old Gaelic soscel, good tidings; cf. Gospel. Carswell in his prayer-book uses soiscel for gospel and suibhisceul for

evangelist; *suibhisceul* is used in the same sense in Ephes. iv. 11, Kirk's Bible; *suibhisceul* is a compound of *subha*. Old Gaelic *subae*, gladness, and *sceul* tidings. *Subha* has been expelled by the derivative *subhachas*, exactly as *dubae* has given place to *dubhachas*, sadness. On the analogy of *airde* for *arda*, and *buige* for *buga*, and *duibhe* for *dubha*, the form *suibhe* can be assumed.

60. Lit. who were in bondage (locks) under a tax so hard.

*cis*, a tax, tribute; Lat. *census*.

62. *creideamh*, belief, faith; Old Gaelic *cretim*, I believe; Lat. *credo*. The word is formed of *cridhe*, heart, and *do*, give: lit. giving heart to.

65. *buidhean tur*, a company altogether; Old Gaelic *buden*, *buiden*, a troop, band, quantity, number, *buden coic cét déc* (Book of Leinster, 97); *tur*, altogether, is connected with *torr*, a heap. So *tur aineolach*, "entirely ignorant," *aran tur* = dry bread, i.e., bread without any seasoning: *Piobaireachd* is *aran tur*; so *turadh*, cessation of rain: *tha turadh ann*.

68. *chion lòn*, want of food; the aspiration is due to the suppressed preposition before *cion*; *lon*, food, substance; Old Gaelic *loon*, supply.

69. *fhuair*, from *fuair*, I found, connected etymologically probably with *εὕρισκω* (Stokes).

70. *arain eòrn'*, cf. *Ata buachoill beag airighe ann so aig bhfhuilid cuig arain eorna* (Kirk's Bible, John, vi. 9). All later translators use *buillionnan* instead of *arain*. We use *aran* now as = bread; *bonnach arain*.

71. *gus'na*, with *nach gu(r)* of 1st ed., cf. *no co*, a common idiom in Middle Gaelic = until. Vide also *infra*, *nach gum fàs thu bochd* = until you grow poor. In Middle Gaelic this would read *no co fàs*. The *r* in the first case (*gur*) is the tense particle *ro*.

73. *chaisgeadh onfhadh*, from Old Gaelic *cosc*, to check, stop; *onfhadh an-fhadh*, not calm; *an-feth*, excess wind, cf. *Feth na fairrce*, the calm of the ocean (Columba's Hymn).

80-95. Cf. Matt. xxvi. 17-36.

87. *do riarraich*, from *riar*, "wish," "desire," meaning (1) to satisfy, please, cf. 1 Kings, v. 9, and (2) to serve, distribute, as here.

90. *comhnuidh*, from Old Gaelic *comnaide*, a dwelling; e.g., *is innte bis cómnaide rig na nIudaide* (Leabhar Breac, p. 137); *an comhnuidh*, as here, means "in continuous waiting," i.e., always.

91. *dh'fhoillseachadh*, Old Gaelic *foillsigim* from *follas*, connected with *solus*, light; cf. Gr. *σέλας*, light.

92. *air an sgàth*, for their sake; the idea is substitutionary atonement.

94. *fheartaibh*, *feart*, power, virtue, efficacy; cf. Lat. *virtus*.

100. *oillteil*, hideous, disgusting.

[TD 70]

101. Cf. Agus do bhi a allas mar bhraona fola ag tuitim air talamh (Kirk's Bible, Luke, xxiii. 44).
109. mu'n d' thainig mi, about which I came, and not, before I came; mu, prep. about; Old Gaelic imb, imm, Lat. ambi, Gr. ἀμφί.
113. uamhunnach, dreadful, awful (vide 18, supra).
114. do fhuair; do is a relic of the Old Gaelic verbal prefix. Do, no, and ro were the three usual prefix particles of the verb. We would now use the abraded form a (= do), vide 69, supra.
119. comhla, together, from com and lamh; Old Gaelic, comla.
124. du-chul, more common is dubh-bhron, deep (black) sorrow; so here the meaning is very emphatic—completely turned his back, or blackly turned his back. Cf. dubh-ghamhnach, a cow three years farrow. Chuir e du chùl ris is quite common in colloquial speech, and means he repudiated him utterly; cf. Ogha, iar-ogha, (f)ionn-ogha, dubh-ogha.
128. pòg, Old Gaelic poc, derived from Lat. pax, peace; cf. dare pacem, to give a kiss.
130. cionfath, cion, gun, without, and fath, reason; ceann and fath, with gun preceding, is probably the true reading.
136. di-chiontach, the more usual form is neo-chiontach, without guilt, innocent.
- 137-144. Observe the acute realism of these lines. They suffer by translation.
139. rùisgeadh, from rusg, a fleece, skin; Old Gaelic rusc.
142. creuchda, wounds; this word is often used in a spiritual as well as a physical sense; cf. crechta na hanma, the wounds of the soul (Leabhar Breac, p. 257).
145. sgitheach, haw-thorn; cf. Kirk's Bible, John, xix. 5.
146. dh' fhigh, from figh, Old Gaelic figim, I weave; teann, tight, Lat. tentus.
148. spàrr, thrust; from sparr, a beam, joist.
152. breun, rancid, putrid; Old Gaelic brén, bréne, rottenness, stench, e.g., bréne na marb cen adnocul (Leabhar Breac, p. 155); also, Do lobh mo chreuchdan chinn iad breun (Kirk's Ps. xxxviii. 5, and also Kirk's Bible, Is. i. 7).
153. crùn nàrach, crown of shame; nàrach also means bashful, modest.
157. colbh, a reed, sceptre, pillar; allied to Lat. columnus, culmus. For the incident see Matt, xxvii. 29, 30.
162. crann ceusaidh, cross, but lit. tree of crucifixion; ceus is from Old Gaelic cessaim, I suffer, torture.
167. shàrach(adh), from sar, Old Gaelic saragaim, I oppress.

168. chuail, from cual, a faggot, bundle, burden.

[TD 71]

169. leabaidh dhòruinnich, bed of anguish; doruinn, Old Gaelic dogra, anguish, pain, cf.—

<gai>'Sminig saoi fo dhoruinn.  
Is daoì gun mhoran pein.—<eng>(Fernaig MS.)

170. Le dheòin, of his own accord, cf. proverb dheoin no dh'aindeoin, willing or unwilling; also, Gun fhiachan air ach deoin (Mackay of Mudale).

172. alt, a joint, e.g. dialt, one-syllable word.

175. le tairnibh, with nails; nom. tarrang, Old Gaelic tairnge.

180. With injury unspeakable; dochann, probably from do and root of Old Gaelic conach, success, prosperity; do luaidh, from do and luaidh, not to be expressed, cf. tiodhlac dolabhairt, unspeakable gift (2 Cor. ix. 15).

181. cudthrom, weight; Old Gaelic cutrumma, of equal weight.

186. dheilbheadh, planned; from Old Gaelic delb, to form, Modern dealbh, "picture."

189. leth sgeul, more commonly leisgeul, leth, half, and sgeul, story, half-story, hence excuse. The reference is to Luke, xxiii. 34.

190. teasairginn, saving, delivering; Old Gaelic tesurc, I save.

